

Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig

**Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig:
a' leasachadh fileantachd le prògram air
a dhealbh airson cànan, gràmar agus
briathrachas**

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig: a' leasachadh fileantachd le prògram air a dhealbh airson cànan, gràmar agus briathrachas

Prìomh fhiosrachadh:

- Tron **ìre làn-bhogaidh**, tha leasachadh gràmar agus briathrachas speisealta air fhisge a-steach don ionnsachadh agus don chluich tro bhith a' cleachdadh Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd fad na h-ùine.
- An dèidh seo agus aig **na h-ìrean bogaidh**, fàsaidh clann nas mothachaile air leasachadh raointean cànan sònraichte. Tha puingean gràmair sònraichte agus briathrachas speisealaichte air an dealbh ann am prògraman is cùrsaichean thar raointean a' churraicealaim agus co-theacsaichean a' churraicealaim.
- Tha e cudromach gun lean sgoiltean orra leis a' chleachdadh **poileasaidh a bhith aca a thaobh an dòigh sam bhithear a' ceartachadh mhearachdan cànan a bhios aig clann is daoine òga** gus nach fhàs na mearachdan sin bitheanta.

10.1 Tha modhan-obrach a thaobh a bhith ag ionnsachadh 's a' teagasg sgilean cànan Gàidhlig air a bhith air an leasachadh gu mòr thar ùine. Sna h-eisimpleirean as fheàrr, tha sgoiltean air aontachadh **modhan-obrach air an deagh bhreithneachadh airson a bhith a' leasachadh eòlas is cleachdadh cànan chloinne is dhaoine òga**. Tha tidsearan, mar eisimpleir, sgileil ann a bhith a' modaladh deagh chleachdadh de Ghàidhlig a bhios aig clann is daoine òga gun a bhith a' lùghdachadh am misneachd ann a bhith a' cleachdadh a' chànan. Bidh iad gan ceartachadh gu faiceallach 's gu h-èifeachdach gus am bi fios aca air an dòigh iomchaidh airson a' chànan a chleachdadh. An uair sin, bidh an neach-ionnsachaidh, a' tuigsinn carson a chaidh a cheartachadh 's ag ràdh an rud ceart mar phàirt nàdarra den phròiseas ionnsachaidh. Gu saor-thoileach bidh na tidsearan a' cruthachadh shuidheachaidhean eile do chlann is do dhaoine òga airson a bhith a' cluinntinn 's a' cleachdadh cànan a tha ceart. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha iad a' cleachdadh modhan-obrach mhatha airson teagasg is measadh.

10.2 Tron **ìre làn-bhogaidh**, tha leasachadh gràmar agus briathrachas speisealta air fhisge a-steach don ionnsachadh 's don chluich tro bhith a' cleachdadh Gàidhlig fad na h-ùine. Tron ìre làn-bhogaidh, tha clann air an dèanamh mothachail air cànan de dh'àrd-chàileachd le bhith a' cleachdadh gràmar ann an dòigh cheart. Bidh clann a' cluinntinn, a' gabhail a-steach agus ag ionnsachadh seo gun a bhith a' smaoinneachadh mu ghràmar. Cleachdaidh an tidsear tachartasan is gnìomhan, mar eisimpleir, rann sònraichte no raon-cluiche mar a bhios iad ag aithneachadh seo mar an ath cheum ann a bhith a' leasachadh ionnsachadh na cloinne. Aig amannan eile, bho bhith a' cumail sùil air ionnsachadh, bidh an luchd-obrach mothachail gu bheil feum aig cànan na cloinne air taic ann an raon sònraichte.

10.3 An dèidh seo agus aig **na h-ìrean bogaidh**, fàsaidh clann nas mothachaile air leasachadh raointean cànan sònraichte. Tha puingean gràmair sònraichte agus briathrachas speisealaichte air an dealbh ann am prògraman is cùrsaichean thar raointean a' churraicealaim agus co-theacsaichean a' churraicealaim. Ann a bhith a' dèanamh seo, feumaidh frèam nas soilleire a bhith aig sgoiltean a thaobh a bhith a' leasachadh gràmar a bhios a' sealltainn adhartas is rian. Feumaidh seo cuideachd taobhan cudromach de ghràmar a shònrachadh a bu chòir clann is daoine òga a bhith eòlach air mun àm a ruigeas iad ìre shònraichte. Bidh planadh airson gràmar cuideachd a' gabhail a-steach chothroman a bhith a' cleachdadh 's a' cur an sàs gràmar air stèidh nas neo-eisimeiliche thar raointean is co-theacsaichean a' churraicealaim. Feumaidh am planadh airson leasachadh-gràmair obrachadh glè dhlùth le bhith a' sgrùdadh 's a' tracadh adhartas is coileanadh na cloinne. Cleachdaidh tidsearan measadh gu bhith a' faicinn a bheil clann is daoine òga air taobhan sònraichte de leasachadh cànan a thogail agus tillidh iad thuige

nuair a bhios e riatanach gus gràmar a dhaingneachadh 's a leudachadh. Bu chòir dhaibh cuideachd am fiosrachadh seo a chleachdadh gus sgrùdadh a dhèanamh agus gus an cleachdadh 's am planadh a thaobh gràmar a leasachadh mar phàirt de bhith a' leasachadh a' churraicealaim. Nì seo cinnteach gun lean leasachaidhean orra ann an cleachdadh 's ann an cànan na cloinne is nan daoine òga sa Ghàidhlig agus gum bi i ceart is fileanta aca. Feumaidh fòcas sònraichte a chur air a bhith a' fighe prìomh phuingean gràmair san ìre làn-bhogaidh a dh'fhaodadh a bhith na bu dorra a leasachadh nas fhaide air adhart mar leasan air leth ann an gràmar. Tha e cuideachd feumail a thaobh na cloinne as sine is daoine òga a bhith a' sìor chleachdadh briathrachas gràmair gus an cuideachadh ann a bhith a' dèanamh cheanglaichean le cànanan eile.

10.4 Tha e cudromach gun lean sgoiltean orra leis a' chleachdadh **poileasaidh a bhith aca a thaobh an dòigh airson a bhith a' ceartachadh mhearachdan cànan is bhios aig clann is daoine òga** gus nach fhàs na mearachdan sin bitheanta. Mur a tèid an ceartachadh, bidh mearachdan cànan a' fàs nas dùbhланаiche do chlann is do dhaoine òga a thaobh a bhith a' dèiligeadh riutha. Thar nan ìrean, feumaidh modh-obrach chunbhalach a bhith aig tidsearan a thaobh a bhith a' ceartachadh mhearachdan anns na bhios clann is daoine òga ag ràdh 's a' sgrìobhadh. Feumaidh planaichean soilleir a bhith aig tidsearan a thaobh a bhith a' leasachadh fileantachd ann an dòigh adhartach is rianail.

10.5 Aig **ìrean na h-àrd-sgoile**, feumaidh tidsearan a tha nan speisealaichean ann an Gàidhlig a bhith a' co-òrdanachadh an taobh seo de litearrachd agus a' toirt taic dhan fheadhainn a tha nan speisealaichean cuspair, ach is dòcha nach eil nan speisealaichean a thaobh a bhith a' teagasg chànanan. Is e aon mhodh-obrach gum faodadh prìomh àite a bhith aig tidsearan a tha nan speisealaichean ann an Gàidhlig a thaobh a bhith ag adhartachadh agus/no a' teagasg a' chànan, am briathrachas speisealta 's an gràmar a dh'fheumar ann an raointean den churraicealam. Feumaidh iad cuideachd a bhith an sàs ann a bhith a' tracadh 's a' sgrùdadh sgilean cànan chloinne is dhaoine òga thar raointean a' churraicealaim air fad. Tha na tidsearan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig nan tidsearan de raointean den churraicealam is de chuspairean, agus cuideachd nan tidsearan de leasachadh cànan.

